


Leugh agus Leasaich

BALACH NAM PAIDSEAMAS SHRIOPACH

Notaichean an Tidseir



Tha Leugh agus Leasaich a' toirt cothrom leasachadh a dhèanamh air BALACH NAM PAIDSEAMAS SHRIOPACH le JOHN BOYNE anns na sgilean a leanas:

- leughadh
- èisteachd agus labhairt
- sgrìobhadh
- eachdraidh

Curraicealam airson Sàr-mhathais – An Dàrna Ìre

Tha na notaichean seo airson beagan cuideachaidh a thoirt a thaobh sgilean leughaidh na cloinne. Tha molaidhean ann air obair còmhraidh, èisteachd agus eachdraidh.

Eòlasan agus Builean

Èisteachd agus Labhairt

Fhad 's a tha mi ag èisteachd 's urrainn dhomh an teacsa, na prìomh bheachdan agus am fiosrachadh a tha a' cur taic riutha aithneachadh agus bruidhinn orra, agus 's urrainn dhomh am fiosrachadh seo a chleachdadh airson diofar adhbharan.

LIT 2 - 04a

'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' freagairt cheistean litireil, ceistean a' sireadh brìgh, ceistean measaidh no seòrsaichean cheistean eile, agus a bhith a' faighneachd cheistean de dhiofar seòrsaichean bhuam fhìn.

LIT 2 - 07a

Leughadh

Tro bhith a' toirt air adhart eòlas air taic co-theacsa, puingeachadh, gràmar agus coltas duilleig, is urrainn dhomh teacsaichean air nach eil mi eòlach a leughadh nas sìubhlaidhe agus le tuigse is faireachdainn a tha a' sìor fhàs. GAI 2-12a

A' cleachdadh nas aithne dhomh mu fheartan diofar sheòrsaichean teacsa, 's urrainn dhomh fiosrachadh a lorg, a thaghadh agus a chur ann an òrdugh bho mheasgachadh de ghoireasan agus seo a chleachdadh airson diofar adhbharan.

LIT 2-14a

'S urrainn dhomh bruidhinn air structar, caractaran agus/no suidheachadh, tuigsinn dè cho freagarrach 's a tha cuspair an sgrìobhaiche agus mar a tha seo a' buntainn rim eòlasan fhìn agus eòlasan dhaoine eile bruidhinn air stoidhle an sgrìobhadair agus feartan eile a' buntainn ri genre.

GAI 2-19

Sgrìobhadh

'S urrainn dhomh a' chuid mhòr de na facail a dh'fheumas mi a litreachadh, a' cleachdadh riaghailtean litreachaidh, briathrachas speisealta, dòighean air fèin-cheartachadh agus raon de ghoireasan.

LIT 2-21a

Ann an teacasaichean goirid agus fada, is urrainn dhomh puingeachadh freagarrach a chleachdadh, structaran eadar-dhealaichte a chur air seantansan agus m' obair a roinn ann am paragrafan ann an dòigh a tha a' dèanamh ciall don leughadair.

LIT 2-22a

An dèidh nan eileamaidean a bhios sgrìobhaichean a' cleachdadh ann an diofar genres a rannsachadh, 's urrainn dhomh na dh'ionnsaicheas mi a chur gu feum airson mo dhàin fhìn a chruthachadh, le structar inntinneach agus iomchaidh.

GAI 2-31a


Eachdraidh

'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil.

SOC 2-06a

BALACH

NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH



- Beachdaichibh air còmhach an leabhair. A bheil e tarraingeach ann an dòigh sam bith?
- A bheil e ag innse càil mu shuidheachadh na stòiridh? Chan eil, ach dè ur beachd air a' uèir-bhiorach?
- A bheil càil air cùl an leabhair a bheireadh air duine tòiseachadh air a leughadh?
- Cò sgrìobh an leabhar? An do leugh sibh leabhraichean sam bith eile a sgrìobh e? Lorg trì pìosan fiosrachaidh mun ùghdar.

Ainm:

Brosnaich na sgoilearan gu bhith a' leughadh le faireachdainn.

Air a' chiad duilleig, bha rudeigin neo-àbhaisteach a' tachairt.
Dè bh' ann agus inns far an lorg thu dearbhadh air do fhreagairt?
Dè an sgil a tha an t-ùghdar a' cleachdadh air td1 airson do
bhrosnachadh gus tuilleadh a leughadh?

Grèim Gràmair

Pearsa

An uair a tha thu a' sgrìobhadh stòiridh, chan eil e math a bhith a' leum bho phearsa gu pearsa. Chan eil e a' còrdadh ris an luchd-leughaidh, agus gu tric caillidh iad ùidh san stòiridh ma tha ùghdar a' dèanamh seo.

Cuimhnich: ma thòisicheas tu anns a' chiad phearsa, cùm ris.

A bheil an stòiridh air a sgrìobhadh:

- sa chiad phearsa? (tha an stòiridh air a h-innse mar gum b' e an t-ùghdar fhèin an caractar)
An àite a bhith a' leughadh 'Thuir Bruno...' , bhiodh tu a' leughadh, 'Thuir mi...'
- san treas pearsa? (tha an stòiridh air a h-innse mar gum biodh an t-ùghdar a' coimhead air na caractaran).
Leughadh tu, 'Thuir Bruno...'

Dè na faireachdainnean a tha an t-ùghdar a' dùsgadh aig toiseach na stòiridh tro na caractaran seo? Thoir dearbhadh air do fhreagairtean le pìos teacsa on leabhar.

Ainm:

Dèan clàr iomchaidh airson seo far am faod thu barrachd is aon fhreagairt a chur mu choinneamh gach caractar.

	Bruno	Maria	màthair Bhruno
Faireachdainnean			
Dearbhadh on teacsa			

Cha robh e ga chur suas no sìos gun robh Gretel a' falbh oir cha robh innte-se ach Culaidh Gun Fheum...

Dè tha seo a' ciallachadh agus dè tha e ag innse mun dàimh a bha eadar Bruno agus Gretel?

Ainm:

Ann an caibideil 1, dè an rud a b' fheàrr le Bruno mun taigh anns an robh e a' fuireach?

Riochdairean

às - a-mach/bho

às an leabaidh
às an Fhraing
às an t-sealladh

Sgrìobh 4 eiseimpleirean eile.

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideil 1

Ainm:

Lorg na faclan seo ann am faclair agus sgrìobh seantans le gach facal a' sealltainn gu bheil thu a' tuigsinn dè tha e a' ciallachadh.

tiotan

maise-gnùis

culaidh

seachain

pronnagan

sònraichte

Aig deireadh na caibideil, beachdaich air cò am balach a dh'fhaodadh a bhith ann an tiotal an leabhair. Inns carson a tha thu den bheachd sin.

Ainm:

Beachdaich air adhbhar an ùghdair a bhith a' cleachdadh litrichean mòra aig toiseach gach caibideil. A bheil sibh a' smaoineachadh gu bheil e a' cur-ris an sgrìobhadh ann an dòigh sam bith? Mìnich do fhreagairt.

Lorg Berlin air map. Inns dè an dùthaich anns a bheil e. Lorg trì pìosan fiosrachaidh mu Bherlin. Cruinnich am fiosrachadh agaibh airson faidhle-fiosrachaidh a dhealbh air a' choimpiutair.

Dè thug air Bruno smaoineachadh nach biodh clann eile mun cuairt air san taigh ùr?

Ainm:

Dèan clàr airson coimeas a dhèanamh eadar an seann taigh agus an taigh ùr.

An seann taigh	An taigh ùr

Toirmisgte Aig Gach Àm Gun Ach Sam Bith Mu Dheidhinn

Dè tha seo a' ciallachadh?

Saoil carson a bha e air doras oifis athair Bhruno?

Ainm:

Bha Bruno a' dèanamh coimeas eadar Berlin agus far an robh an taigh ùr.
Bruidhinn air cho eadar-dhealaichte 's a bha an dà àite.

Sgrìobhadh

Leugh am paragraf seo air td 10 a-rithist. “Bha sràidean eile ann...”

Sgrìobh cunntas air a' bhaile agad fhèin. Cleachd na faclan a leanas airson
beagan cuideachaidh a thoirt dhut. Dèan seo nad leabhar.

Seallaidhean

Fuaimean

Fàilidhean

Goireasan

Dàimh

Faclair

tuainealaich

frithealadh

follaiseach

dùrachdach

osna

cop

Sgrìobh seantans le gach facal a sheallas gu bheil thu a' tuigsinn dè tha e
a' ciallachadh. Dèan seo nad leabhar.

Ainm:

Ciamar a tha an t-ùghdar a' sealltainn dhuinn, anns a' chaibideil seo, an seòrsa dàimh a bha eadar Bruno agus athair?

Sgrìobh an dà abairt a tha air td 11. Bruidhnibh orra.

Saoil carson nach robh an duine sean toilichte?

Chleachd an t-ùghdar seantans air td 12 a tha a' sealltainn dìreach cho dona 's a bha Bruno a' faireachdainn. Sgrìobh an seantans an seo.

Td 13 Dè a' cheist chudromach a chuir Bruno air Maria?

Ainm:

An d' fhuair e am freagairt ris an robh e an dùil? Mìnich do fhreagairt le pìos on teacsa.

Tha e follaiseach on teacsa gun robh obair chudromach aig athair Bhruno. Beachdaich air an t-seòrsa obair a dh'fhaodadh a bhith aige agus inns mar a thàinig thu chun a' cho-dhùnaidh sin.

Ciamar a tha an t-ùghdar gar brosnachadh gu bhith a' leughadh tuilleadh den leabhar?

Ainm:

Beachdaich air na chunnaic Bruno air taobh a-muigh na h-uinneig.

Ceangail còmhla na samhlaidhean seo.

cho sona ri

dealanach

cho seòlta ri

ugh

cho sleamhainn ri

sionnach

cho marbh ri

saighead

cho dìreach ri

easgann

cho làn ri

sionnach

cho luath ris an

bròg

Ainm:

Grèim Gràmair
An Tuiseal Ginideach
ceann an rathaid
cùl an taighe

Lorg eisimpleirean den tuiseal ghinideach air td1, td5, td7, td15.
Sgrìobh 5 eisimpleirean.

Ainm:

Bha Bruno ag ràdh gun robh aon rud math mu dheidhinn a bhith a' falbh à Berlin. Dè bha sin? Carson a thuirt e sin?

Tha an t-ùghdar a' sealltainn nach robh Bruno agus a phiuthar a' faighinn air adhart. Ciamar a tha fios agad air a seo? Inns ciamar a tha an t-ùghdar a' dèanamh dealbh de Ghretel dhan leughadair?

Smaoinich air leabhraichean a leugh sibh roimhe. A bheil ùghdaran ag atharrachadh pearsantachd caractar uair sam bith nan sgrìobhadh? Mìnich do fhreagairt le bhith a' beachdachadh air leabhraichean a leugh thu roimhe agus inns mar a dh'atharraich an caractar nan dòigh/coltas/beachdan.

Tha caractaran làidir cudromach ann a bhith a' cruthachadh deagh stòiridh. Gu ruige seo san leabhar, a bheil seo fìor? Cò na caractaran làidir a tha an t-ùghdar air a nochdadh dhuinn?

Caibideil 3

Ainm:

Bha Bruno agus Gretel ag aontachadh mu aon rud co-dhiù. Dè bha sin?
Faisg air deireadh na caibideil, tha an t-ùghdar a' cur car san stòiridh a dh'aona-
ghnothach. Inns dè th' ann agus beachdaich air carson a rinn e sin.

Dè ur beachd air ainm an taighe, Ach-Ist?

Bruidhinnibh mu ainmeannan a tha air na taighean agaibh fhèin, aig cuideigin
sa bhaile no ainm taighe a leugh iad ann an leabhar, me, Bag End, an taigh aig
Bilbo, anns An Hobbit.

Ainm:

Sgrìobhadh

Còmhla ri caraid, sgrìobh geàrr-chunntas air a' chiad trì caibideilean.

- Cuimhnich – na sgrìobh a h-uile dad, dìreach rudan a tha cudromach.
- Cleachd faclair agus bi mothachail air puingeachadh.
- Leugh na sgrìobh sibh do dhithis eile agus faic dè cho coltach/ao-coltach 's a tha an sgrìobhadh agaibh.

Labhairt

Obraichibh còmhla. Dèanaibh dealbh caractar. Bruidhnibh mu dheidhinn còmhla ri sgoilearan eile.

Obraichibh ann am buidhnean. Sgrìobhaibh ainmean nan caractaran air cairt. Faodaidh sibh an uair sin an gearradh a-mach agus an cur ann an òrdugh, a' cur a' charactar as cudromaiche aig a' mhullach.

Bruidhnibh air cò as cudromaiche agus carson. Dè a tha na buidhnean eile a' smaointinn? A bheil sibh ag aontachadh?

Feumaidh sibh an-còmhnaidh adhbhar a thoirt airson ur freagairtean.

Ainm:

Na chunnaic iad tron uinneig

Às dèidh a' chiad duilleag den chaibideil a leughadh, cò tha sibh a' smaoinachadh a tha Bruno agus Gretel a' faicinn, agus dè tha gam fàgail an siud?

Beachdaichibh cuideachd air carson nach eil nigheanan an sin.

Anns a' chaibideil seo, tha an t-ùghdar a' sealltainn cho eadar-dhealaichte 's a tha Bruno agus Gretel.

Dèan clàr a sheallas seo.

Bruno	Gretel

Ainm:

Coimheadaibh air ur freagairtean agus thigibh gu co-dhùnadh air dè an seòrsa pearsantachd a bh' aca. Dè am faireachdainn a tha an t-ùghdar a' brosnachadh anns an leughadair?

An uair a bhios ùghdar a' sgrìobhadh, tha e mothachail air iomadh rud – suidheachadh, plot, caractaran, tachartasan, faireachdainnean. A bheil sibh den bheachd gu bheil John Boyne air a bhith soirbheachail gan dèanamh seo uile follaiseach anns an stòiridh?

Lorg 4 gnìomhairean a tha san tràth sheachad ann an caibideil 4 agus cleachd iad gus an clàr a chrìochnachadh.

Eisimpleirean

tràth seachad	tràth làthaireach	tràth teachdail
choisich		coisichidh
lean	a' leantainn	
ghabh		gabhaidh

Ainm:

Carson a bha Gretel a' smaoineachadh gun robh iad air an dùthaich?

An do rinn coltas nan daoine dragh do Ghretel? Inns far a bheil seo air a dhèanamh soilleir dhut?

An do rinn an coltas dragh do Bhruno? Inns far a bheil seo air a shealltainn.

Dè na faireachdainnean a th' aca mu na daoine?

Caibideilean 5&6

Ainm:

Cha robh an còrr air ach bruidhinn ri athair

Ciamar a tha an seantans seo, aig fìor thoiseach na caibideil, leis fhèin a' sealltainn gu bheil an t-ùghdar air cùis èiginn agus teannachadh a thoirt dhan sgeul?

Cò tha iad a' smaoineachadh a th' anns am Fiùiridh?

Thug i leum aiste nuair a chunnaic i Maria na seasamh ga coimhead.

Carson a thug màthair Bhruno leum aiste?

Caibideilean 5&6

Ainm:

Ciamar a bha an dà thrèana ao-coltach bho chèile? Bha iad coltach ann an aon dòigh. Dè bha sin?

Leugh am paragraf, air td 32, a tha a' tòiseachadh le:

Shìos fodha chunnaic e gun robh doras oifis athar fosgailte...

Anns a' pharagraf seo, tha sinn a' faicinn an t-seòrsa dàimh a bha eadar Bruno agus athair.

A bheil beachdan aig Bruno mu athair a tha a' dol an aghaidh a chèile? Sgrìobh nad leabhar na faclan/abairtean a tha ag innse seo dhut.

Dè tha an dòigh anns an do ghnog Bruno air doras oifis athar ag innse dhuinn?

Caibideilean 5&6

Ainm:

Ciamar a mhinich athair Bhruno dha dè bha ann an dachaigh?

Cò air a bha Bruno a' cur na coire airson gun robh aca ri Berlin fhàgail?
Thoir dearbhadh air do fhreagairt le pìosan on teacsa.

Sgrìobh an seantans a tha ag innse nach robh athair toilichte le Bruno.

Dè a' cheist chudromach a chuir Bruno air athair mus do dh'fhàg e an rùm?

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 5&6

Ainm:

Ciamar a tha fios agad nach robh Bruno toilichte leis an fhreagairt a fhuair e?

An robh Heil Hitler a' ciallachadh an rud a bha Bruno a' smaoineachadh a bha e a' ciallachadh? Mìnich do fhreagairt.

Faclair

Lorg na faclan agus sgrìobh am mìneachadh.

a' caismeachd	diosgail	othail	liomhadh
àibheiseach	air mo mhionnan	fuadain	a' roghnachadh
dàn	eas-urramach		

Caibideilean 5&6

Ainm:

Dh'fhosgail Maria a beul gus rudeigin a ràdh ach dhùin i e a cheart cho luath.

Beachdaich air adhbharan airson seo.

Carson a bha i ag ràdh nach robh na bha ise a' smaoineachadh cudromach agus dè tha am freagairt a thug Bruno dhi ag innse mun dàimh a bha eatarra?

Dè ur beachd air mar a bha Maria a' ceannsachadh Bruno an uair a bha e a' càineadh athar? Mìnich do fhreagairt.

Dè tha *air tighinn gu inbhe* a' ciallachadh?

Caibideilean 5&6

Ainm:

Beachdaich air na diofar bheachdan a bh' aig Bruno agus Gretel mu Mharia.

'Cha do lean sùilean Maria i ach bha ruadhadh na gruaidhean'.
Dè tha sin a' ciallachadh?

Bha Bruno den bheachd gun robh Gretel mì-mhodhail ri Maria. Sgrìobh seantans a tha a' sealltainn gun robh e fhèin mì-mhodhail rithe cuideachd.

Bruidhinn air modh agus mì-mhodh.

Dèan clàr.

Smaoinich air rudan a tha modhail a dhèanamh agus rudan a tha mì-mhodhail a dhèanamh.

Rudan a tha modhail	Rudan a tha mì-mhodhail

Caibideilean 7&8

Ainm: _____

Td 53 *Cha robh e fhèin is Bruno air bruidhinn ri chèile ro thrìc.*

Cuir am facal ceart dha na seantansan seo.

ro **robh** **ron**

Tha e _____ fhuair airson a dhol a-mach an-diugh.

Ràinig mi a' bhùth _____ shìa uairean.

A bheil eagal agad _____ chù sin?

An _____ thu a-riamh ann a' Hiort?

Bha a' bhriogais a fhuair e fada _____ bheag dha.

Tha am bogsa mòr sin _____ throm dhut.

An _____ cuimhne agad air d' obair-dachaigh an-diugh?

Càit an _____ thu air saor-làithean?

_____ Mhòd, tha mòran ullachaidh ri dhèanamh.

Bha e air dreallag mar siud a thogail aon uair _____ a seo.

Mu sheachdain _____ àm, bha othail mhòr san dachaigh.

Caibideilean 7&8

Ainm:

Cia mheud de gach fear a lorgas sibh anns na caibideilean seo.

Dèan clàr-shràcan.

ro	
robh	
ron	

Leugh am paragraf seo, air td 54, agus an uair sin dèan dealbh den leifteanant bho chunntas an ùghdair.

Mar bu trice, bhiodh coltas gu math spaideil..

Saoil carson a bha Gretel mì-thoilichte gun do nochd Bruno.

Carson a bha Bruno a' smaoineachadh gun robh i gòrach?

Caibideilean 7&8

Ainm:

Lorg seantans air td 57 a tha ag innse gun robh eagal aig Pavel ro Leifteanant Kotler.

Dè na faireachdainnean a tha an t-ùghdar a' nochdadh dhuinn tro Bhruno is Gretel mu Khotler?

An e caractaran inntinneach, a thaobh 'caran' a chur dhan stòiridh, a chruthaich John Boyle ann an Kotler agus Pavel? Inns mar a tha an dà charactar eadar-dhealaichte bho chèile.

Dè fhuair Bruno a-mach mu Phavel a chuir mòr-iongnadh air?

Caibideilean 7&8

Ainm:

Saoil carson a dh'iarr màthair Bhruno air Pavel a ràdh gur ise a ghlan an lot?
Td 65

Bha falt fada dearg-ruadh oirre a bha, gu h-annasach, glè choltach ris an fhalt a bha air màthair Bhruno, agus sùilean uaine.

Beachdaich air carson a chleachd an t-ùghdar *gu h-annasach* an seo. Lorgaidh tu am freagairt air td 68.

Èistibh ris an òran, La Vie en Rose. Lorgaidh sibh e air You Tube.

Dè ur beachd air:
na faclan?

am fonn?

Caibideilean 7&8

Ainm:

Dè an dòigh anns a bheil na cunntasan mu na cèilidhean a' cur ris an stòiridh no a' dèanamh milleadh air?

Rannsaichibh am facal 'Commandant'. Leig ort gu bheil thu a' bruidhinn ri Bruno. Mìnich dha carson a bh' aige ri 'meal-a-naidheachd' a chur air athair.

Carson nach eil seanmhair Bhruno toilichte mun èideadh a th' air a mac? Mìnich do fhreagairt.

A bheil an t-ùghdar a' leigeil fhaicinn dhuinn gu soilleir dè tha a' dol air adhart? Carson?

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 7&8

Ainm:

Rannsaich an diofar eadar litir phearsanta agus litir fhoirmeil.

Smaoinich Bruno air litir a sgrìobhadh gu a sheanmhair. An e litir phearsanta no litir fhoirmeil a sgrìobhadh e?

Faclair

Dè as ciall dha na faclan seo? Ionnsaich an litreachadh.

lionn

am feabhas

fèineil

leibideach

spèis

a' toirt feart

aithreachas

eireachdail

Caibideilean 9&10

Ainm:

Mus sgrìobh ùghdar mu àm sònraichte ann an eachdraidh, feumaidh e rannsachadh a dhèanamh air rudan a thachair aig an àm sin. Tha seo cudromach. Carson?

Do Bhruno b' e annas a bh' ann an Herr Liszt.
Dè tha seo a' ciallachadh?

Bha Bruno ag ionndrainn nan caraidean a bh' aige ann am Berlin.
Sgrìobh dè dhèanadh sibh fhèin anns an aon t-suidheachadh?

Ainm:

Lorg am facal 'euceartas' san fhaclair agus mìnich dè th' ann. Smaoinich air eiseimpleir de dh'euceartas anns an t-saoghal.

Grèim Gràmair

d76 Chaidh Bruno a-mach agus chaidh e gu cùl an taighe. (the back of the house).

Lorgaidh sibh an tuiseal ginideach anns an fhaclair. Tha na litrichean 'gin' ri taobh ainmear ann an cuid de dh'fhaclaichean, me, craobh – gin craoibhe.

Measan na craoibhe – the fruit of the tree

Sgrìobh iad seo ann an Gàidhlig;

taobh (of the river)
bonn (of my foot)
ceann (of the road)
doras (of the school)
làn (of the spoon)
broinn (of the house)
bàta (of James)
fuaime (of the sea)
casan (of the bed)
gaoisid (of the dog)

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 9&10

Ainm:

Bruidhnibh air an iongnadh a bh' air Bruno mu na daoine

- leis na paidseamas shriopach
- a bha a-mach agus a-steach às an taigh aca air an robh èideadh shònraichte.

Dè bha Herr Listz air a dhèanamh, a thaobh obair sgoile, a chòrd ri Bruno?

Ainm:

Grèim Gràmair

Bha Bruno dèidheil air a bhith a' rannsachadh. Nam biodh e san obair sin, dh'fhaodadh e a ràdh, "S e fear-rannsachaidh a th' annam."

annam – ann + mi	in me	annainn – ann + sinn	in us
annad – ann + thu	in you(sing)	annaibh – ann + sibh	in you
ann – ann + e	in him	annta – ann + iad	in them
innte – ann + i	in her		

'S e dotair a th' annam.

An e tidsear a th' annad?

Chan e. 'S e nurs a th' annam.

An e Èireannach a th' innte?

Chan e. 'S e Albannach a th' innte.

An e saor a th' ann?

'S e. 'S e saor math a th' ann cuideachd.

'S e sgoilearan a th' annainn.

fear-rannsachaidh - explorer
saor - joiner
iasgair - fisherman
croitear - crofter
dràibhear - driver
cleasaiche - actor
cunntasair - accountant
neach-reic - salesperson
ailtire - architect

nurs/banaltram - nurse
neach-cuideachaidh - assistant
cìobair - shepherd
air mo dhreuchd a leigil dhìom - retired
plumair - plumber
neach-ciùil - musician
neach-togail - builder
neach-obrach - worker
neach-sgrùdaidh - inspector

Dè an obair a th' agad fhèin?

'S e _____ a th' annam.

Dè an obair a th' aice?

'S e _____ a th' innte.



Sgrìobh 6 seantansan a' cleachdadh cuid de na ro-riochdairean.

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 9&10

Ainm:

Lorg ainmean nam fir-rannsachaidh ainmeil seo.

R_A_D AM_N_S_N

V_S_O DA G_M_

_A_C_ _O_O

F_R_I_A_D M_G_LL_N

Nas dorra

CPOHRERITSH OLBUCMSU

MSEJA OKOC

VIADD OENSLVIGNTI

RSI NICFRAS KAEDR

Caibideilean 9&10

Ainm:

Carson, nur beachd-se, a chaidh Bruno an aghaidh a phàrantan a thaobh a bhith a' rannsachadh?

Sgrìobhadh

Tha an t-ùghdar a' dol a chur 'fìr' anns an stòiridh. Dè tha sibh a' smaoineachadh a tha a' dol a thachairt? Sgrìobh paragraf agus dèan coimeas eadar do sgrìobhadh fhèin agus sgrìobhadh nan sgoilearan eile.

Beachdaichibh air cò aig a tha an sgrìobhadh as creidsinniche.

Dè a' chiad rud a lorg Bruno air dha tòiseachadh a' rannsachadh?

Ainm:

Sgrìobhadh

Lorg Auschwitz air an eadar-lìon agus inns beagan mu dheidhinn. Sgrìobh notaichean air na rudan a tha thu a' smaoineachadh a tha cudromach agus an uair sin sgrìobh paragraf no dhà mu dheidhinn.

Carson a chrìochnaich an t-ùghdar caibideil 9 le na faclan 'Gun Ach Sam Bith Mu Dheidhinn'?

Bruidhinnibh mu ur faireachdainnean às dèidh a' chiad dà dhuilleig de chaibideil 10 a leughadh.

Dèan clàr

Ciamar a tha na balaich

- coltach ri chèile
- ao-coltach bho chèile?

Coltach	Ao-coltach

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 9&10

Ainm:

Nuair a ràinig Bruno am balach an toiseach, bha e na shuidhe casa-gòbhlach air an talamh, a' coimhead air an stùr.

Dè tha casa-gòbhlach a' ciallachadh? Suidhibh air an làr mar a bhiodh am balach na shuidhe.

Tha na faclan 'a' coimhead air an stùr' ag innse dhuinn rudeigin mun bhalach. Dè tha e ag innse?

Tha mòran phiosan còmhraidh aig an ùghdar anns a' chaibideil seo. Ciamar a tha còmhradh a' cur ris an sgrìobhadh?

A bheil stòiridh inntinneach ma tha e uile sgrìobhte ann an còmhradh? Mìnich do fhreagairt.

Caibideilean 9&10

Ainm:

A bheil stòiridh inntinneach mura bheil còmhraidh idir ann?
Mìnich do fhreagairt.

'S e sgil chudromach a th' ann co-chothrom fhaighinn eadar còmhraidh,
fiosrachadh, tuairisgeul is eile ann an sgrìobhadh. Gu math tric, tha
sinn buailteach air cus còmhraidh a chleachdadh.

Dè na rudan a dh'ionnsaicheas tu tro chòmhraidh ann an stòiridh?

Caibideilean 10&11

Ainm:

Tha sinn air ar beò-ghlacadh leis an stòiridh agus faic dè tha an t-ùghdar ris!
Tha e a' toirt sùil air ais beagan mhìosan, aig an dearbh àm is a tha sinne ag iarraidh cumail oirnn!

Faighnich dhan chloinn carson a rinn e seo.

Carson a tha an t-ùghdar a' cleachdadh 'Am Fiùiridh' mar character?
Dè a' chaibideil anns an do nochd an t-ainm roimhe seo?

Dè na riaghailtean bunaiteach a dh'iarr athair na cloinne orra a leantainn?
An robh iad riatanach? Mìnich do fhreagairt.

Carson nach d' fhuair a' chlann cothrom a bhith aig biadh cuide ris am Fiùiridh?

Caibideilean 10&11

Ainm:

‘Ghabh Maria na còtaichean aca, ’s a ceann nas ìsle fiù ’s na ’n àbhaist.’
Beachdaich air adhbhar airson seo.

Carson a bha Bruno a’ smaoineachadh gun robh am Fiùiridh mì-mhodhail?

Dè ur beachd air an dòigh anns an robh Gretel ga giùlan fhèin?

Tha am paragraf mu dheireadh anns a’ chaibideil glè choltach ri pìos den stòiridh a leugh sinn roimhe. Càit an robh sin? Saoil carson a rinn an t-ùghdar seo.

Faclair

brunn-dail

othail

stais

follaiseach

ciatach

aoigh

lìomhadh caitheamh-airgid

beic gu tàireil

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 12 gu 14

Ainm:

Tha an t-ùghdar a-nis a' gabhail ceum air ais gu deireadh caibideil _____.

Dèan dealbh de gach bann-gàirdein agus sgrìobh seantans no dhà mu gach fear.

Dè an seantans air td 95 a tha a' dearbhadh nach eil Bruno a' tuigsinn ciall nam bannan?

Ann an caibideil 12, tha na balaich a' bruidhinn air am beatha mus tàinig iad gu Ach-Ist. Ciamar a bha beatha nam balach coltach/ao-coltach gu ruige seo. Dèan clàr nad leabhar gus seo a shealltainn.

Coltach	Ao-coltach

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 12 gu 14

Ainm:

Smaoinichibh air aona duine deug a bhith a' fuireach ann an aon rùm. Dè na duilgheadasan a bhiodh ann?

Carson a thàinig stad ann an Shmuel nuair a bha e ag innse do Bhruno mun trèana? An robh Bruno a' creidsinn na bha Shmuel ag ràdh ris? Thoir dearbhadh air do fhreagairt.

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 12 gu 14

Ainm:

Tha smuaintean Bhruno mun chùis a' dearbhadh cho neo-chiontach 's a bha e.
Dè na rudan mu Shmuel a chuir iongnadh ro-mhòr air?

Dè na faireachdainnean a tha an t-ùghdar a' dùsgadh san leughadair aig
deireadh caibideil 12?

Aig toiseach caibideil 13, dè a' cheist a chuir Bruno air Maria?

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 12 gu 14

Ainm:

Bha Bruno ag iarraidh a bhith na shaighdear nuair a dh'fhàsadh e mòr ach thuir Shmuel,

Chan eil saighdearan math ann.

Cia mheud turas a thuir e sin agus saoil carson?

A bheil Bruno fhathast a' tuigsinn cho dona 's a tha beatha Shmuel? Mìnich do fhreagairt.

Saoil carson a bha uimhir a dh'eagal air na balaich bho Leifteanant Kotler. Cuir am fiosrachadh ann an clàr.

Shmuel	Bruno

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 12 gu 14

Ainm:

Ciamar a tha an t-ùghdar a' sealltainn an eagail mhòir a bh' air Shmuel?

Carson nach eil an t-ùghdar ag innse dè rinn Kotler air Pavel?

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 12 gu 14

Ainm: _____

Grèim Gràmair

bi bithidh bhios bidh bhithinn bhiodh cha bhi

Am _____ thu a' dol gu ball-coise Dihaoine? _____ .

Cuin a _____ sinn a' dol a chluich iomain?

_____ toilichte nan cuireadh sibh crìoch air a sin.

_____ mo sheanair an-còmhnaidh ag ithe bròs.

_____ mòran dhaoine ga ithe an-diugh.

_____ sinn a' gabhail piotsa oidhche Haoine.

Càit am _____ thu a' dol air saor-làithean?

- A-nis lorg ceithir seantansan ann an caibideil 13 anns a bheil gin de na faclan sa chlàr. Sgrìobh iad nad leabhar agus cuir dath air na faclan sin anns gach seantans.
- Dè tha a' dèanamh deagh charaid?
Sgrìobh do smuaintean air bileagan post-it. Cuir iad air bòrd.
Bruidhinnibh mu ur freagairtean.
- A-nis, leig ort gur tu Bruno agus sgrìobh rann mun chàirdeas eadar thu fhèin agus Shmuel, a' toirt iomradh air ur dòighean-beatha a tha gu math eadar-dhealaichte.

Cuimhnich: Cha leig thu leas ruitheam a chur ann an rann.

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 12 gu 14

Ainm:

Cleachd an duilleag-planaidh a leanas airson do chuideachadh.

Dèan clàr iomchaidh. Thoir sùil air ais gu caibideil 10 ma dh'fheumas tu.

- far an do choinnich sibh ri chèile
- ur coltas (dreach, bodhaig, èideadh)
thu fhèin (Bruno)
Shmuel
- mar a tha sibh coltach (aois, gluasad on dachaigh)
- mar a tha sibh ao-coltach
(biadh, aodach, dachaigh, amasan, cò às a tha sibh)
- gnìomhairean feumail buadhairean feumail

Td124 Dè tha sibh a' smaoineachadh a tha Leifteanant Kotler a' ciallachadh le

Na gabh dragh; tha fios aig an fhear seo dè an taobh dhen aran air a bheil an t-ìm?

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 12 gu 14

Ainm:

Tagh dè am fear no an fheadhainn gu h-ìosal a tha ceart. Feumaidh tu dearbhadh a thoirt airson do fhreagairt.

Tha an t-ùghdar a' cleachdadh an dàimh eadar màthair Bhruno agus Kotler airson:

- a) inntinn an leughadair a bhrosnachadh
- b) sealltainn cho cealgach 's a bha Kotler
- c) an stòiridh a dhèanamh nas fhaide

Chuir e iongnadh mòr air Bruno Shmuel fhaicinn anns a' chidsin.
Ciamar a tha an t-ùghdar a' sealltainn seo?

Mhothaich Bruno gun robh Shmuel air a dhol bhuaithe. Minich seo.

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 12 gu 14

Ainm:

Ciamar a tha an tachartas anns a' chidsin eadar Shmuel, Bruno agus Kotler a' cur-ris an stòiridh?

Dè na faireachdainnean a tha e a' dùsgadh

- anns na caractaran
- anns an leughadair?

A bheil sibh den bheachd gun do rinn Bruno cùisean na b' fheàrr le bhith ag innse breug no nach do rinn?

- Cò agaibh a tha a' smaoineachadh gun do rinn Bruno an rud ceart? An robh fuasgladh sam bith eile air an t-suidheachadh? Bruidhnibh ri chèile mu dheidhinn.

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 12 gu 14

Ainm:

Dè an dà fhaireachdainn a tha an t-ùghdar a' nochdadh anns a' chiad pharagraf air td 132?

A bheil Bruno fhathast a' tuigsinn dè tha a' tachairt air taobh thall na feansa? Thoir dearbhadh on teacsa airson do fhreagairt.

Tha a' chaibideil a' crìochnachadh le tòrr fhaireachdainnean. Ciamar a bha sibh a' faireachdainn ga leughadh? Tha sgil an ùghdair a' nochdadh gu làidir an seo. Minich mar a tha e ga dhèanamh.

Faclair

tiomnadh

cnàimhneach

gealtach

cha do mheantraig

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 16 gu 18

Ainm:

Bha a h-uile duine brònach aig tiodhlacadh seanmhair Bhruno, ach bha rudeigin a' cur truimead air bròn athar. Dè bha sin?

Beachdaichibh air an adhbhar a thug air Kotler Ach-Ist fhàgail.

Dè a' cheist a tha a' drùdhadh air Bruno air td 136?

Tha atharrachadh air tighinn air Gretel. Saoil carson tha seo? Smaoinich air na prìnichean a tha i a' gluasad gach latha 'às dèidh dhi am pàipear-naidheachd làitheil a leughadh'.

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 16 gu 18

Ainm:

Td 138 an seòrsa fhèin.

Dè ur beachd air tuairisgeul mar seo? A bheil e ceart a bhith a' dèanamh dìmeas air daoine mar seo? Thoir adhbhar airson do fhreagairt.

Tha an còmhradh eadar Gretel agus Bruno air td 139 ag innse mòran dhuinn mun deidhinn. Dè tha an t-ùghdar ag iarraidh a dhèanamh soilleir dhuinn?

Nuair a chaidh mialan a lorg ann am falt Gretel, dh'fhuasgail e ceist a bha a' cur iongnadh air Bruno o chionn greis.

Sgrìobh a' cheist sin.

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 16 gu 18

Ainm:

Dè tha sibh a' smaoineachadh a thug air athair Bhruno tighinn gu co-dhùnadh tilleadh a Bherlin?

Faclair

às àicheadh mialan dleastanas fughar dàn-thuras amharasach

Cò air a tha Bruno a' cur coire bhon nach do nochd Shmuel airson lathaichean?

Saoil càit an deach athair Shmuel?

Caibideilean 16 gu 18

Ainm:

Carson a tha an t-ùghdar a' toirt air Shmuel *tha gràin agam orra* a ràdh dà thuras?

Ciamar a ghabh Shmuel ris an naidheachd gun robh Bruno a' dol air ais a Bherlin?
Thoir dearbhadh air do fhreagairt le pìosan on teacsa.

A bheil an t-ùghdar soirbheachail ann a bhith a' dùsgadh fhaireachdainnean làidir anns a' chaibideil seo? Ciamar a tha e ga dhèanamh? Smaoinich air a' chòmhradh eadar na balaich.

Tha faireachdainnean ag atharrachadh mar a tha a' chaibideil a' dol air adhart.
Mìnich seo.

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 16 gu 18

Ainm:

Tha fiughar air na balaich aig deireadh caibideil 18. Carson?

A bheil an aimsir aig toiseach Caibideil 19 a' cur-ris an stòiridh ann an dòigh sam bith? Mìnich do fhreagairt.

An robh dad eadar-dhealaichte mun dòigh coinneachaidh mu dheireadh aig na balaich?

Ciamar a chòrd an t-èideadh ùr ri Bruno? Mìnich.

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 16 gu 18

Ainm:

Cò ris a bha Bruno a' samhlachadh an dàn-thurais?

Ciamar a bha na chunnaic Bruno air taobh thall na feansa gu tur eadar-dhealaichte on rud ris an robh e an dùil?

Tha seantans air td 160 a tha ag innse nach robh for aig Bruno dè bha a' tachairt sa champa. Sgrìobh nad leabhar i.

Tha rudeigin a' tachairt aig deireadh caibideil 19 a tha a' sealltainn an deagh chàirdeis a bha eadar na balaich. Dè bha sin?

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 16 gu 18

Ainm:

Ach cha robh e ann; tha fios nach robh. Carson a tha an t-ùghdar ag ràdh seo?

Saoil dè idir a thachair do Bhruno agus Shmuel? A bheil an t-ùghdar a' dèanamh sin follaiseach ann an caibideil 20?

Dè tha sibh a' mothachadh mun chaibideil mu dheireadh? Rannsaichibh adhbhar airson seo.

Dè an cuspair a tha John Boyne a' cleachdadh tron leabhar?

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 16 gu 18

Ainm:

Dè an teachdaireachd as cudromaiche a tha anns an leabhar?

Sgrìobh rann acrostaig mu chàirdeas.

Clàr

C

À

I

R

D

E

A

S

Ann an stòiridh, bu chòir buaidh a bhith aig suidhichidhean air na caractaran.
A bheil seo fìor anns an stòiridh aig John Boyne? Ciamar a tha ùghdar
a' dèanamh cinnteach gu bheil an sgil seo aige air a choileanadh?

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 16 gu 18

Ainm:

Ann am buidhnean, sgrìobhaibh 6 ceistean a dh'fhaighnicheadh sibh do John Boyne mun leabhar. Beachdaichibh air ceistean a chèile.

- 1 _____
- 2 _____
- 3 _____
- 4 _____
- 5 _____
- 6 _____

Dèan leabhran beag le na duilleagan a leanas.

Dh'fhaodadh a' chlann an leabhran seo a dhèanamh mar phàirt den obair-dachaigh.

Td 1

Tìotal

Ùghdar

Dealbhadair

Foillsichear

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 16 gu 18

Ainm:

Td 2

Suidheachadh

Far a bheil an leabhar air a shuidheachadh – ann am baile, ri taobh na mara, air eilean...

Dèan dealbh den t-suidheachadh

Bogsa airson dealbh

Sgrìobh faclan a tha ag innse cò ris a bha e coltach.

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 16 gu 18

Ainm:

Td 3

Caractaran

Sgrìobh na prìomh caractaran an seo.

Dèan dealbh dhiubh.

Bogsa

Sgrìobh cò ris a bha iad coltach.

Mar a chrìochnaich an leabhar agus am pìos a b' fheàrr leam.

Inns mar a chrìochnaich an leabhar.

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 16 gu 18

Ainm:

An robh dùil agad gur ann mar seo a chrìochnaich e? Dè do bheachd air an dòigh anns an do chrìochnaich e? Ciamar a bha thu fhèin air a chrìochnachadh?

Dè am pìos den leabhar a b' fheàrr leat?

Ainm:

SGRÌOBHADH

- **Aithisg air Balach nam Paidseamas Shriopach**
A' cleachdadh do leabhran, sgrìobh aithisg air an leabhar. Sgrìobh ann am paragrafan a' cleachdadh nan cinn-sgrìobhaidh a leanas.
- **Ro-ràdh**
Sgrìobh mu thiotail, ùghdar agus foillsichear an leabhair. Dè na leabhraichean eile a sgrìobh John Boyne? An do leugh thu gin dhiubh no am biodh tu ag iarraidh feadhainn eile a leughadh?
- **An Suidheachadh**
Inns mu shuidheachadh na stòiridh. Cleachd buadhairean nad sgrìobhadh. Carson a chaidh a shuidheachadh an sin? Ciamar a tha thu a' faireachdainn mu shuidheachadh na stòiridh?
- **Na Prìomh Characteran**
Thoir cunntas mionaideach orra. Cò an caractar a b' fheàrr leat? Carson? Cò an caractar nach do chòrd riut? Carson?
- **Geàrr-chunntas air an stòiridh**
Sgrìobh geàrr-chunntas air an stòiridh. Cuimhnich nach tagh thu ach na tachartasan cudromach.
- **Mar a chrìochnaich an leabhar**
Inns ann an dòigh gu math mionaideach mar a chrìochnaich an leabhar. An robh dùil agad gur ann mar seo a chrìochnaicheadh e? Ciamar a bha thu a' faireachdainn mun chrìch seo. Ciamar a bhiodh tu fhèin air a chrìochnachadh?
- **Am pìos a b' fheàrr leam**
Sgrìobh mun phìos a b' fheàrr leat. Mìnich carson a thagh thu am pìos sin.
- **Cò-dhùnadh**
Am moladh tu an leabhar do chuideigin eile? Cò dha a mholadh tu e agus carson? Dè an aois air am freagradh e?

BALACH
NAM PAIDSEAMAS
SHRIOPACH

Caibideilean 16 gu 18

Ainm:

EALAIN

Dèalbhaich còmhach ùr airson an leabhair.

